



COMHAIRLE AONGHAIS
DREACHD PHLANA GÀIDHLIG
2014-2019

Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 17 Sultain 2014.

Tha am foillseachadh seo, no earrannan dheth, ri fhaighinn ann am fòrmatan eile agus ann an cànanan coimhearsnachd eile. Cuir fios gu ACCESSLine na Comhairle air 08452 777 778 airson barrachd fiosrachaidh no cuir post-d gu accessline@angus.gov.uk

FACAL-TOISICH

Facal-toisich le Ceannard is Pròbhaist Comhairle Aonghais

'S e seo a' chiad Phlana Gàidhlig aig Comhairle Aonghais agus anns a' phlana seo lorgas inneas air amasan na Comhairle a thaobh na Gàidhlig thairis air an ath chòig bliadhna suas gu 2019. Tha sinn ag amas air cur ri rùn Riaghaltas na h-Alba chum glèidheadh suidheachadh seasmhach don Gàidhlig le ìomhaigh nas treasa ga toirt dhith agus le barrachd chothroman air an toirt do choimhearsnachdan na sgìre a thaobh conaltradh sa chànan. Cuiridh am plana seo taic ri coileanadh a' Bhuile Nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba 'Tha sinn moiteil às fèin-aithne nàiseanta làidir, chothromach agus chom-pàirteach'.

Bho 1995 a-mach, tha Comhairle Aonghais air taic a chumail ris a' Ghàidhlig tro fhoghlam foirmeil aig ìre bun-sgoile. Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air a bhith aig cridhe nan leasachaidhean seo agus tha sinn bho chionn goirid air seo a thoirt gu ìre na h-àrd-sgoile aig Acadamaidh Bhaile Fharfair.

Tha a' Ghàidhlig le eachdraidh fhada ann an Aonghas agus tha an fheadhainn a tha a' fuireach sa sgìre agus a bhruidhneas i nam pàirt beag, cudromach don choimhearsnachd againn. Chan ann ag amas air glèidheadh a-mhàin a tha sinn ach gun tig àrdachadh air àireamhan luchd-labhairt tro na gnìomhan is amasan a lorgas sa Phlana Ghàidhlig seo.

Tha sinn a' coimhead air a' chiad Phlana Ghàidhlig seo mar toiseach tòiseachaidh airson leasachadh is meudachadh na h-obrach Gàidhlig sa bheil a' Chomhairle an sàs. Tha gealltanasan a' Phlana ag innse na tha fainear dhuinn chum inbhe na Gàidhlig àrdachadh ann an dòigh chothromach. Bidh sinn a' brosnachadh luchd-obrach an sàs ann an libhrigeadh sheirbheisean a dhèanamh barrachd na dìreach coileanadh nan gealltanasan seo

Chaidh aontachadh ris a' phlana Ghàidhlig seo leis a' bhuidhinn cho-ionannachd corporra, le ar n-àrd-oifigearan agus le buill na Comhairle.

Ridseard Stiff
Ceannard

Eilidh Oswald
Pròbhaist Comhairle Aonghais

CLÀR-INNSE

Ro-Ràdh	4
1. Gàidhlig Ann An Aonghas	6
2. Na Prìomh Ghealltanasan	9
• Fèin-aithne	10
• Conaltradh	12
• Foillseachaidhean	14
• Luchd-obrach	16
3. Taic ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig.....	18
• Togail a' Chànain	19
• Cleachdadh a' Chànain	24
• Inbhe a' Chànain	27
• Corpas a' Chànain.....	28
4. Cur an Gníomh agus Dearcnachadh	29

RO-RÀDH

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a dhèanamh na lagh le Pàrlamaid na h-Alba chum inbhe na Gàidhlig a ghèidheadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis a tha co-ionnan (**nòta**¹) ris a' Bheurla.

Tha Gàidhlig ann an staid chugallach, le àireamh luchd-labhairt a' crìonadh. Tha Achd na Gàidhlig a' cur uallach air an roinn phoblaich ann an Alba a' Ghàidhlig a chur ann an suidheachadh seasmhach tro àrdachadh a h-inbhe, agus cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh, san àite-obrach, sa choimhearsnachd agus ann an ionadan ionnsachaidh

Tron Achd, chuireadh Bòrd na Gàidhlig air bhonn; buidheann phoblach reachdail, neo-roinneil a chruthachadh airson piseach a thoirt air ìre de chleachdadh agus thuigse na Gàidhlig air feadh Alba. Is iad amasan a' Bhùird ach:

- Stad a chur air a' chrìonadh ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig tro bhith ag àrdachadh na h-àireimh de dhaoine ag ionnsachadh a' chàinain.
- Barrachd shuidheachaidhean a bhith ann airson Gàidhlig a chleachdadh, a rèir a' phrionnsabail de spèis cho-ionnan do Ghàidhlig is Bheurla.
- Cuideachadh a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig chum leasachadh a thoirt air am misneachd agus comasan.

Am measg nan dleastanasan eile, feumas Bòrd na Gàidhlig:

- Plana Nàiseanta na Gàidhlig a dheasachadh
- Iarraidh air ùghdarrasan poblach Planaichean Gàidhlig a dheasachadh is fhoillseachadh mar a tha iad a' saoilinn iomchaidh.
- Stiùireadh a thoirt seachad a thaobh foghlam Gàidhlig.

'S e amas Phlana Nàiseanta na Gàidhlig, a bhuineas do dh'Alba gu lèir, adhartachadh ceann-uidhe a' Bhùird 'gun seas a' Ghàidhlig mar chànan brìoghmhor is neartmhor, le barrachd ga bruidhinn, agus le tuilleadh spèis is luach ga chur oirre an Alba san là an-diugh; dùthaich sa bheil iomadh cultar is cànan'.

Tha Comhairle Aonghais ag aithneachadh cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig do dhualchas, fèin-aithne agus beatha chultarail na h-Alba. Tha sinn gu mòr airson is gun tèid builean Phlana Nàiseanta na Gàidhlig a choileanadh agus tha sinn air na structaran is iomairtean a chur air chois ann an Aonghas a ni cuideachadh chum suidheachadh seasmhach a chruthachadh don Ghàidhlig san àm ri teachd.

¹ *Nòta* "Chaidh am prionnsapal de spèis cho-ionannach a stèidheachadh san Achd leis a' Phàrlamaid mar theachdaireachd fhàbharach air luach is cliù na Gàidhlig, ag aithneachadh gu bheil luchd na Gàidhlig airson an cànan aca a chleachdadh mar eileamaid àbhaisteach sa bheatha làitheil aca, gum bu chòir spiorad bhlàth a bhith ann don Ghàidhlig air feadh Alba, agus nach bu chòir don chànan fulang tro chion spèise bho dhaoine no bho bhuidhnean chorporra... Chan eil spèis cho-ionannach don Ghàidhlig a' ciallachadh dèiligeadh co-ionannach don Ghàidhlig is don Bheurla, no gum feum ìre shònraichte de sholar Gàidhlig a bhith ri faotainn anns gach suidheachadh. An àite sin, bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach feuchainn, a dh'aindeoin an t-suidheachaidh chànanaich aca, ri bhith cho taiceil agus cho coibhneil 's a ghabhas do leasachadh na Gàidhlig, agus am Planaichean Gàidhlig ullachadh le sùil ri cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh cho furasta 's a ghabhas a rèir an t-suidheachaidh aca. Cha bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach dearmad a dhèanamh air leasachadh na Gàidhlig... [bu chòir] feuchainn ris an ìre de Gàidhlig a tha iad a' tabhainn a leudachadh re ùine. Nuair a bhios iad a' liubhairt sheirbheisean ann an Gàidhlig, bu chòir dhaibh feuchainn dèanamh cinnteach gum bi an ìre 's càileachd aig an aon ìre 's a bhiodh iad tron Bheurla.

Tha a' Chomhairle mothachail gu bheil a' Ghàidhlig ann an staid air leth cugallach agus ma tha thathas a' dol a thoirt ath-bheothachadh air a' Ghàidhlig mar chànan beò ann an Alba, feumas oidhirp chom-pàirteachail a bhith ann eadar an Riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth gus:

- àrdachadh inbhe na Gàidhlig;
- brosnachadh dhaoine gus togail is ionnsachadh na Gàidhlig;
- brosnachadh barrachd cleachdadh na Gàidhlig.

'S e th' anns an sgrìobhainn seo ach Plana Gàidhlig Comhairle Aonghais. Chaidh a dheasachadh a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus a rèir nan slatan-tomhais reachdail san Achd; le aithne ga toirt do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus don Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig. Tha e a' dèanamh inneas air an dòigh san tèid Gàidhlig a chleachdadh ann an obair na buidhne, mar a thèid Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltradhean leis a' phoball is le ar prìomh bhuidhnean com-pàirteachas, agus ciamar a thèid a' Ghàidhlig a chur air adhart is a leasachadh.

Tha am Plana Gàidhlig againn ga chur ann an ceithir earrannan:

Earrann 1 ag innse mun cho-theagasg ionadail san deach am Plana a dheasachadh

Earrann 2 ag innse ciamar a thèid a' Ghàidhlig a chleachdadh leis a' Chomhairle, agus mar a chruthaicheas sinn comasan airson Gàidhlig a chleachdadh ann an obair na buidhne. Tha e a' dol thairis air prìomh roinnean ar n-obrach, leithid fèin-aithne chorporra, soidhnichean, conaltradh leis a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làraich-lìn againn. Tha an earrann seo cuideachd a-mach air an ìre as ìsle de sheirbheisean Gàidhlig a tha sinn a' cur romhainn a choileanadh rè beatha a' Phlana.

Tha Earrann 3 a' toirt cunntas air obair na Comhairle ann an cur an gnìomh Phlana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha e cuideachd ag innse ciamar a tha dùil againn barrachd Gàidhlig a chleachdadh ann am planadh agus libhrigeadh ar seirbheisean, gu h-àraidh ann an seirbheisean foghlaim is cultarail.

Fa dheireadh, tha Earrann 4 a-mach air ciamar a thèid buileachadh a' Phlana Ghàidhlig a thoirt air adhart agus a dhearcnachadh.

Ann an co-rèir le riatanasan na h-Achd, chùim a' Chomhairle co-chomhairleachadh fharsaing leis a' phoball rè deasachadh a' Phlana agus chaidh mothachadh a thoirt do na beachdan a fhuair tron phròiseas seo.

Fhuair Plana Gàidhlig na Comhairle aonta bho Bhòrd na Gàidhlig air 17 Sultain 2014.

1. GÀIDHLIG ANN AN AONGHAS

Tha Aonghas na sgìre air leth bòidheach, na suidhe air costa an ear Alba le oirthir chreagach, gleanntan àlainn agus talamh torrach Shrath Mòr.

Air aithneachadh air feadh an t-saoghal mar àite-breith na h-Alba, tha Aonghas le goireasan airson beatha san là an-diugh, cho math ri dàimhean ri eachdraidh chudromach, dhreachmhor.

Tha mu area 2,180km² sa sgìre, agus ged is i sgìre gu ìre mhòr dùthchail a th' innte, tha 110,630 a' gabhail còmhnaidh innte (Clàraidhean Nàiseanta na h-Alba, 2011) a' chuid as motha aca taobh a-staigh no timcheall nan seachd bailtean de dh'Obar Bhrothag, Breichinn, Càrn Ùstaidh, Baile Fharfair, An Ceathramh Mòr, Monadh Fotha agus Mon Rois.

Tha 2.1% de shluagh na h-Alba a' gabhail còmhnaidh ann an Aonghas, agus ann an co-rèir ri àireamh-sluaigh na h-Alba, dh'fhàs an àireamh seo thairis air an ùine bho 1985-2011.

Ann an Aonghas, tha 14.8% den t-sluagh eadar 16 is 29 bliadhna a dh'aois; nas ìsle na an ìre airson Alba air fad (18.7%). Tha 28.2% de shluagh Aonghais nas sine na 60 bliadhna a dh'aois, nas àirde na an ìre nàiseanta aig 23.2%.

Eadar 2009 is 2011, thàinig 230 daoine a-steach a dh'fhuireach ann an Aonghas gach bliadhna (àireamh chuibheasach).

Tha **eachdraidh na Gàidhlig ann an Aonghas** a' dol air ais chun na h-ochdamh linn. Bha Aonghas fo cheannas nan Cruithneach, daoine Ceilteach aig an robh cànan a bhuineadh do Chuimris.

Tha na cànanan Ceilteach gan roinn eadar dà mheur, na cànanan "P" agus "Q". Am measg nan cànanan "P" tha Cruithnis, Cuimris, Còrnach agus Breatannais; le Gàidhlig, Gaeilge is Gàidhlig Mhanainneach sna cànanan Ceilteach "Q". Ged a tha càirdeas eadar na cànanan, tha iad gu math eadar-dhealaichte bho chèile agus dh'fheumadh Bridei, Rìgh nan Cruithneach, eadar-theangair a bhith aige nuair a choinnich e ri Calum Cille.

Rè na h-ochdamh is na naoidheamh linn bha Rìghrean a' riaghladh còmhla ann an Rìoghachd Ghàidhealach Dhalriada agus rìoghachd nan Cruithneach. Bhon àm sin thòisich na Gàidheil ri làmh an uachdair fhaighinn air a' chosta an ear. Nuair a dh'fhuair Cinaed (Coinneach) MacAilpein an crùn ann an 848, thòisich uachdaran Rìoghachd nan Cruithneach, agus ged a thugadh dha an t-ainm Laideann *Rex Pictorum*, nuair a fhuair e bàs ann an 858 b' i a' Ghàidhlig cànan rìoghachd ùir na h-Alba.

Mhair Gàidhlig beò mar chànan muinntir Aonghais suas chun na tritheamh linn deug ach thòisich a' Bheurla Ghallda ri làmh an uachdair fhaighinn san linn sin, co-dhiù ann am Machair Aonghais.

Chùm muinntir nan gleann ris a' Ghàidhlig, ge-tà, ach chì sinn bho na h-àinmean àite fìor Ghàidhlig a lean sìos chun an là an-diugh gur ann sna beagan linntean a dh'fhalbh a chruthachadh a' chuid as motha dhiubh sin. Thachair crìonadh mòr air a' Ghàidhlig ann an Aonghas an uair sin, ge-tà, mar a thachair air feadh a' chuid as motha den Ghalldachd. Tha fios againn bho chunntasan a sgrìobhadh aig an àm gun robh Gàidhlig ga bruidhinn leis a' mhòr chuid de mhuinntir Ghleann Easg tràth san 17mh linn. Tha na leanas na mhapa air far an robh Gàidhlig ga bruidhinn c.1682.

Bhàsaich an duine fa dheireadh aig an robh Gàidhlig ann an Gleann Easg ann am meadhan na 20mh linn. Chan eil fianais ann ge-tà gu bheil seo fìor air neo am buineadh an duine don sgìre fhèin no an tàinig e/i a dh'fhuireach ann bho sgìre eile ann an Alba

Tha fiosrachadh air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig bho chunntasan-sluaigh san 19mh linn ag innse gun robh Gàidhlig ga bruidhinn le beagan daoine ann an Gleanntan Aonghais ach tha e coltach gur dòcha gun tàinig iad sin a-steach bhon Ghàidhealtachd far an robh Gàidhlig fhathast ga bruidhinn leis a' mhòr-shluaigh.

Bho chionn goirid, tha an Cunntas-sluaigh bho 2011 air innse na leanas mun Ghàidhlig ann an sgìre Comhairle Aonghais:

% luchd-labhairt Gàidhlig 2001	0.45%
% luchd-labhairt Gàidhlig 2011	0.37%

Tha **Comhairle Aonghais** aon de 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba a chuireadh air chois air 1 Giblean 1996 an dèidh ath-eagrachadh de riaghaltas ionadail. Tha a' Chomhairle an urra ri sreath de sheirbheisean; a' gabhail a-steach foghlam, obair shòisealta, slàinte àrainneachd, cur-seachadan is cultar, smachd air planadh is togail, taigheadas, rianachd sgdail, càradh rathaidean poblach (seach prìomh rathaidean), agus planadh èiginneach.

Tha mu 5,400 ag obair aig a' Chomhairle agus bha buidseat £260,027,000 aice ann an 2012/13.

Tha an siostam riaghladh poilitigeach leis an structar a leanas:

- Làn-chomhairle de 29 buill thaghte thairis air ochd uàrdan ioma-bhall, le trì no ceithir de chomhairlichean anns gach uàrd a rèir àireamh sluaigh.
- Tha na comataidhean Poileasaidh is Stòrasan a' dèiligeadh ri gnothaichean corporra is ro-innleachdail a tha a' bualadh air a' Chomhairle air fad.
- Tha ceithir comataidhean seirbheis ann: Clann is Ionnsachadh, Obair Shòisealta is Slàinte, Coimhearsnachdan, agus Leasachadh is Iomairt.
- Tha cuideachd Comataidh Sgrùdaidh is Sgrùdaidh Chunntasan.

Tha prìomh oifis rianachd na Comhairle ann am Baile Fharfair, agus tha na seòmraichean comhairle san aon bhaile.

Tha seirbheisean Gàidhlig na Comhairle gu ìre mhòr stèidhte air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig; ag amas air comasan a thoirt do chlann sa Ghàidhlig is ann am Beurla. Tha an curraicealam ga theagasg an Gàidhlig, le Beurla a' tighinn a-steach beag air bheag. Aig deireadh na bun-sgoile, bidh clann anns na h-aonadan Gàidhlig air an curraicealam a dhèanamh is bidh iad fileanta sa Ghàidhlig. Tha a' chlann a' faighinn 'bogadh iomlan' an clas a h-aon gu trì leis a h-uile càil air a theagasg tron Ghàidhlig. Anns an teirm fa dheireadh an clas a trì, thathas a' tòiseachadh air sgrìobhadh is leughadh na Beurla.

Tha clann gan teagasg tro mheadhan na Gàidhlig le eòlas agus spèis mhòr aca do dhualchas is chultar Gàidhealach na h-Alba. Tha foghlam Gàidhlig a' toirt dhaibh sealladh nas fharsaing is nas adhartache a thaobh nan cothroman anns an Roinn Eòrpa; far a bheil diofar chànanan is chultaran.

Tha foghlam Gàidhlig an Aonghas ga lìbhrigeadh mar a leanas:

Ro-sgoile

Tha a' Chomhairle a' cur taic ri foghlam ro-sgoile tron Ghàidhlig, le clas ro-sgoile Gàidhlig aig Bun-sgoil Chnoc Bàna ann am Baile Fharfair, ged nach robh duine sa chlas seo sa bhliadhna acadaimigeach 2013/14.

Bun-sgoil

Chaidh aonad Gàidhlig fhosgladh aig Bun-sgoil Kirkriggs am Baile Fharfair an 1995 ach chaidh a ghluasad gu Bun-sgoil Chnoc Bàna an 2007. Ged a tha e an seòmar fa leth, tha e gu mòr na phàirt de choimhearsnachd na sgoile air fad. Tha a' chlann a' gabhail pàirt sna cruinneachaidhean, tursan sgoile, teagasg sònraichte, amannan-cluiche agus tachartasan san fharsaingeachd.

Tha pàrantan gu mòr an sàs ann an obair an aonaid is na sgoile air fad, agus tha co-obrachadh dlùth ann leis an tidsear.

Tha barrachd is barrachd sgoilearan Bhun-sgoil Chnoc Bàna an sàs sa choisir Ghàidhlig.

Rè na bliadhna acadaimigich 2013-14 fhuair naoi sgoilearan foghlam Gàidhlig aig a' Bhun-sgoil.

Àrd-sgoil

An dèidh dithis thidsear Gàidhlig fhastadh (san Lùnastal 2013), suas chun an Lùnastail 2014 tha comas ann Gàidhlig a theagasg aig ìre àrd-sgoile aig Acadamaidh Fharfair. Ann an 2013/14, bha:
374 sgoilearan an S1/2 ag ionnsachadh na Gàidhlig
7 sgoilearan a' dèanamh na Gàidhlig dha Fileantaich
2 sgoilear S6 a' dèanamh Gàidhlig dha Luchd-ionnsachaidh aig Ìre 5 Nàiseanta

Chan eil GLPS (Ionnsachadh Gàidhlig sa Bhun-sgoil) ga thabhainn aig sgoiltean an Aonghas.

Bhon Lùnastal 2014-15, thathas a' sùileachadh gum bi:

Àrd-sgoil

194 sgoilearan S2 a' dèanamh Gàidhlig
6 sgoilearan a' dèanamh Gàidhlig dha Fileantaich

Bun-sgoil

9 sgoilearan a' faighinn Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Gàidhlig dha Inbhich

Chan eil clasaichean Gàidhlig dha inbhich gan tabhainn ann an Aonghas.

Chan eil figearan ri fhaighinn airson na h-àireimh de luchd-obrach aig a' Chomhairle aig a bheil Gàidhlig. Bidh e na h-eileamaid chudromachd den Phlana Ghàidhlig gun dèan a' Chomhairle rannsachadh ro dheireadh 2015 airson dearbhadh:

- Cia mheid neach-labhairt Gàidhlig a tha ag obair aig a' Chomhairle
- Cia mheid neach-obrach a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig
- Cia mheid neach-obrach aig a bheil ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig
- Cia mheid neach-obrach aig a bheil comas a' Ghàidhlig a labhairt, leughadh no sgrìobhadh

Aon uair is gu bheil am fiosrachadh seo againn, thèid seo fhoillseachadh anns na h-aithisgean adhartais air a' Phlana Ghàidhlig againn.

Bho 2003, tha a' Chomhairle air a bhith a' tabhainn gun tèid sgrìobhainn sam bith, bileagan-fiosrachaidh, planaichean, msaa (no earrannan dhiubh) fhoillseachadh sa Ghàidhlig.

Tachartasan Gàidhlig eile ann an Aonghas

Chan eil fios ann a bheil tachartasan Gàidhlig sam bith air tachairt ann an Aonghas.

Cho eil fios ann a bheil buidhnean Gàidhlig sam bith aig a bheil oifisean ann an Aonghas, air neo buidhnean coimhearsnachd an sàs sa Ghàidhlig ann an Aonghas.

2. NA PRÌOMH GHEALLTANASAN

Anns an Stiùireadh Reachdail air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig a' cantainn gu bheil cruthachadh àrainneachd airson cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha phoblach gu math cudromach a thaobh ath-leasachadh a' chànain. Ann an co-rèir ri seo, tha am Bòrd air ceithir roinnean ainmeachadh air am feumas coimhead sna planaichean Gàidhlig:-

Aithne:	aithne corporra soidhnichean
Conaltraidhean:	fàilteachadh fòn post is post-d foirmichean coinneamhan poblach dèiligeadh ri gearanan
Foillseachaidhean:	dàimhean poblach is meadhanan stuth clo-bhuailte làraich-lìn taisbeanaidhean
Luchd-obrach:	trèanadh ionnsachadh fastadh sanasachd

Tha Comhairle Aonghais ag aithneachadh gum faod obair-ghnìomha anns gach aon dhe na ceithir roinnean seo inbhe agus follaiseachd na Gàidhlig àrdachadh, le cothroman a bharrachd air an cruthachadh dha luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

Mar bhun-stèidh fo ghealltanasan na Comhairle, tha sinn a' cur romhainn:

- spèis cho-ionnan a bhith ann don Ghàidhlig is Bheurla a thaobh sheirbheisean is ghoireasan dà-chànanach
- tairgse for-ghnìomhach a bhith ann a thaobh sheirbheisean is ghoireasan dà-chànanach (Gàidhlig/Beurla).

Tha an roinn seo den Phlana Ghàidhlig againn a' dèanamh mìneachadh air ar gealltanasan fo na cinn-chuspair a dh'ainmeachadh gu h-àrd.

AITHNE

Tha Comhairle Aonghais ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e inbhe na Gàidhlig a thogail agus an cànan a dhèanamh nas fhaicsinnich.

Adhbhar:

Tha Gàidhlig ann an aithne chorporra agus soidhnichean ùghdarrasan poblach a' cur gu mòr ri faicsinneachd is inbhe a' chànain, agus a' cur an cèill cho luachmhor 's a tha i agus mar a tha aithne ga toirt dhith. Tha cleachdadh na Gàidhlig air soidhnichean cuideachd a' cur ri briathrachas luchd-labhairt Gàidhlig, a' tarraing aire thuice is a' cur ri leasachadh a' chànain.

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clàr-ama	Fo Stiùir
Suaicheantas dà-chànanach	Chan eil suaicheantas dà-chànanach aig a' Chomhairle	Bheir sinn suaicheantas dà-chànanach a-steach le spèis cho-ionnan ga toirt do Ghàidhlig is Bheurla.	Inbhe na Gàidhlig a thogail air stuthan na Comhairle.	Nuair a thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air an t-suaicheantas a-rithist	Ceannard
Foillseachaidhean, stuth-sgrìobhaidh, msaa	Chan eil Gàidhlig ga cleachdadh air gin dhe na nithean seo.	Nì sinn ath-sgrùdadh air iùil na Comhairle air deasachadh bhileagan is fhoillseachaidhean, agus air an stiùireadh air cruthachadh shoidhnichean, le spèis cho-ionnan ga toirt don Ghàidhlig ri taobh na Beurla.	Spèis cho-ionnan ga toirt do Ghàidhlig le dà-chànanas ga chur air bhog air soidhnichean, sgrìobhadh air carbadan, stuth sgrìobhaidh agus air baidisichean ID.	Nuair a thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh a-rithist air stuth-sgrìobhaidh, msaa.	Ceannard
Sgrìobhadh air carbadan	Chan eil an sgrìobhadh seo dà-chànanach	Cuiridh sinn suaicheantas dà-chànanach na Comhairle agus fiosrachadh eile air carbadan na Comhairle nuair thèid ùrachadh a dhèanamh orra no carbadan ùra gan ceannach mar phàirt de ar prògram solarachaidh is ùrachaidh.	Gun tèid cur ri faicsinneachd na Gàidhlig air carbadan na Comhairle.	Nuair a thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air an t-suaicheantas no aig a' chiad cothrom.	Coimhearsnachdan
Soidhnichean	Chan eil poileasaidh ann airson cleachdadh na Gàidhlig air soidhnichean.	Bidh sinn mothachadh gum feumas modh-obrach a bhith againn a tha co-chòrdail air feadh na sgìre is le ùghdarrasan ri ar taobh: Nuair thèid prògram de dh'ùrachadh a dhèanamh, thèid soidhnichean crìche agus soidhnichean ainmean-àite sa sgìre a chur an-àirde le eadar-theangachadh Gàidhlig.	Poileasaidh gum bi soidhnichean ùra dà-chànanach le spèis cho-ionnan don Ghàidhlig is Bheurla. Gum bi barrachd Gàidhlig ri faicinn a' tighinn a-steach agus a' fàgail Aonghas.	Leantainneach bho 2016, nuair a tha iad gan ùrachadh.	Coimhearsnachdan

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clàr-ama	Fo Stiùir
		<p>Nuair a thèid soidhnichean sràide ùrachadh thèid soidhnichean dà-chànanach a chur nan àite far a bheil seo iomchaidh agus air thighinn bho thùs Gàidhlig, a rèir stiùireadh bhon bhuidhinn Ainmean-àite na h-Alba.</p>	<p>Gum bi barrachd Gàidhlig ri fhaicinn air ainmean sràidean.</p>		
	<p>Tha buidhnean-iarrtais a' maoinachadh shoidhnichean dha luchd-turais ann am Beurla.</p>	<p>Nì sinn ath-sgrùdadh air a' mhodh-obrach airson ainmeachadh sràidean ann an leasachaidhean taigheadais ùre.</p> <p>Nuair a thèid ùrachadh a dhèanamh air soidhnichean dha luchd-turais bu chòir soidhnichean dà-chànanach a chleachdadh far a bheil e iomchaidh agus e air thighinn bho thùs Gàidhlig.</p> <p>Nì sinn ath-sgrùdadh air na modhan a thaobh iarrtasan airson soidhnichean ùra dha luchd-turais. Thèid iarraidh air a' bhuidhinn soidhnichean dà-chànanach a chur an-àirde far a bheil an t-ainm air thighinn bho thùs iomchaidh Gàidhlig.</p> <p>Thèid soidhnichean dà-chànanach a chur an-àirde nuair a tha prògraman ùrachaidh ann air soidhnichean stiùiridh, far an gabhas modh-obrach cunbhalach a chur an sàs beag air bheag agus a rèir prìomhachas.</p> <p>Thèid soidhnichean dà-chànanach a chur an-àirde nuair a thèid ùrachadh a dhèanamh air soidhnichean-taice air rathaidean (puist meòir; soidhnichean air pàircean-chàraichean; eadar-mhineachadh dha luchd-turais/ bùird fiosrachaidh, msaa).</p>	<p>Bidh air buidhnean-leasachaidh ri soidhnichean a dhèanamh dà-chànanach far a bheil tùs iomchaidh Gàidhlig aig an ainm. Bidh Gàidhlig nas fhaicsinnich dha luchd-turais.</p> <p>Cuiridh na buidhnean-iarrtais maoinachadh ri soidhnichean dà-chànanach ùra dha luchd-turais chum barrachd faicsinneachd don Ghàidhlig</p> <p>Barrachd Gàidhlig ri fhaicinn air soidhnichean stiùiridh.</p> <p>Thèid beachdachadh air leasachadh a dhèanamh air soidhnichean dà-chànanach.</p>	<p>2018</p>	<p>Coimhearsnachdan</p>

CONALTRADH

Tha Comhairle Aonghais ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e barrachd chothroman practaigeach a bhith ann air Gàidhlig a chleachdadh ann am beatha làitheil dhaoine, agus tha i gu mòr airson gun tig piseach air na cothroman seo.

Adhbhar:

Tha cleachdadh na Gàidhlig far a bheil am poball a' coinneachadh ri buidheann phoblach a' togail a h-inbhe mar chànan a tha ri fhaicinn is ri chluinntinn agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil e comasach Gàidhlig a chleachdadh is gu bheil fàilte ga cur oirre. A bharrachd air togail inbhe na Gàidhlig tha e cuideachd a' cruthachadh chothroman 'son cleachdadh a' chànan is a' toirt brosnachadh don phoball ga cleachdadh nuair a tha iad a' dèiligeadh ris a' bhuidhinn phoblaich.

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clar-àma	Fo Stiùir
Fàilteachadh	Chan eil poileasaidh ann air cleachdadh na Gàidhlig aig ionadan fàilteachaidh.	Thèid trèanadh air eòlas air a' Ghàidhlig a thabhainn do luchd-obrach gu lèir a tha a' coinneachadh ris a' phoball. Tòisichidh sinn air trèanadh air eòlas air a' Ghàidhlig dha luchd-obrach a tha a' coinneachadh ris a' phoball ann an sgoiltean far a bheil Gàidhlig ga teagasg.	Àrdachadh san àireimh de luchd-obrach aig a bheil comas dèiligeadh ris a' phoball sa Ghàidhlig. Barrachd eòlais air a' Ghàidhlig am measg luchd-obrach a' dèiligeadh ri sgoilearan Gàidhlig is na pàrantan aca.	2018 2016	Stòrasan Daoine
Post is post-d	Chan eil poileasaidh ann air freagairt phost is phost-d tro mheadhan na Gàidhlig.	Cuiridh sinn freagairt Ghàidhlig air ais far a bheil fios ga chur thugainn innte, a' cleachdadh eadar-theangairean bhon taobh a-muigh. Nì rinn rannsachadh air dreuchdan na buidhne feuch càite am b' urrainn ainmean-sgrìobhaidh dà-chànanach a chleachdadh. Thèid àichidhean na Comhairle a dhèanamh dà-chànanach.	Cuirear freagairtean Ghàidhlig air ais a rèir an aon chlàir-ama ri freagairtean Beurla, cho fad 's a tha e practaigeach seo a dhèanamh. Bheirear barrachd spèis cho-ionnan don Ghàidhlig. Barrachd ìomhaigh don Ghàidhlig air conaltraidhean eileagtronaigeach.	2018 2018	Ceannard Stòrasan
Fòn	Chan eil na seirbheisean eadar-theangachaidh fòna a' gabhail a-steach na Gàidhlig.	Nì sinn leasachadh air a' phròiseas de chur Gàidhlig ris an liosta de chànanan air an eadar-theangachadh, no lorgaidh sinn na seirbheisean seo an àite eile. Cuiridh sinn fàilte Ghàidhlig air siostaman fèin-obrachail no innealan-freagairt fo ACCESSLine ma	Thèid seirbheis Ghàidhlig a thabhainn do dhaoine a' cur fòn chun na Comhairle agus a tha airson Gàidhlig a chleachdadh. Barrachd ìomhaigh don Ghàidhlig am measg dhaoine a' fònach na Comhairle.	2019 2017	Coimhearsnachdan/Stòrasan Coimhearsnachdan

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clar-àma	Fo Stiùir
		cheadaicheas an teicneòlas, agus bidh seo na phàirt de shiostaman fòna bho seo a-mach agus iad air an ùrachadh.			
Foirmichean	Chan eil poileasaidh ann air freagairt fhoirmichean air an lìonadh sa Ghàidhlig.	Gabhaidh sinn foirmichean air an lìonadh sa Ghàidhlig, fhad 's nach eil adhbhar gun a bhith gan gabhail, le mìneachadh soilleir air cuin is carson, eg. riaghailtean laghail.	Comas ga thoirt do dhaoine airson foirmichean a lìonadh sa Ghàidhlig far an gabhas a dhèanamh.	2017	Ceannard/ Stòrasan
Coinneamhan poblach	Far a bheil iarrtas ann is e iomchaidh, tha eadar-theangachadh sa chànan choimhearsnachd ga thabhainn aig coinneamhan na Comhairle.	Leanaidh sinn oirnn a' tabhainn eadar-theangachadh Gàidhlig ann an suidheachaidhean iomchaidh ma thèid innse ro-làimh gum bi luchd-labhairt Gàidhlig an làthair agus iad air eadar-theangair iarraidh. Thèid an t-seirbheis seo sanasachadh ma 's i a' Ghàidhlig prìomh chuspair na coinneimh. Cuirear fàilte Gàidhlig air daoine ma 's i a' Ghàidhlig prìomh chuspair na coinneimh.	A' coileanadh ar dleasan a thaobh tabhainn sheirbheisean Gàidhlig Barrachd spèis cho-ionnan don Ghàidhlig aig coinneamhan poblach.	A' leantainn bho 2014 2016	Ceannard/ Stòrasan Stòrasan
Modh gearain	Chan eil poileasaidh ann air freagairt gearanan Ghàidhlig.	Freagraidh sinn gearanan Gàidhlig sa Ghàidhlig. Nuair a thèid lèirmheas a dhèanamh air ar modhan gearain, thèid a' Ghàidhlig is Beurla a ghabhail a-steach, le spèis cho-ionnan ga toirt don Ghàidhlig is Beurla.	Barrachd spèis cho-ionnach don Ghàidhlig tro ar modhan gearain.	2018	Ceannard

Foillseachaidhean

Tha Comhairle Aonghais ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e gun tèid barrachd Gàidhlig a chleachdadh, le amas fad-ùineach gun tèid an cànan bhrosnachadh air feadh sheirbheisean na Comhairle.

Adhbhar:

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann am farsaingeachd fhoillseachaidhean a' cur ri leasachadh na Gàidhlig ann an diofar dhòighean. Tha e a' ciallachadh gu bheil barrachd Gàidhlig ri fhaicinn, tha e a' cur ri inbhe a' chànain agus e ga chleachdadh ann am foillseachaidhean aig a bheil àrd-iomhaigh, agus tha e a' dèanamh leasachadh air briathrachas. Tha cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan a' sealltainn rùn nan ùghdarrasan poblach gun tèid fiosrachadh cudromach a sgaoileadh tro mheadhan na Gàidhlig, agus e cuideachd a' cur ri faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Le barrachd dhaoine a' faighinn fiosrachadh air ùghdarrasan poblach tro na làraichean-lìn aca, tha cleachdadh na Gàidhlig air làraichean-lìn a' cur ri inbhe agus faicsinneachd a' chànain.

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clàr-ama	Fo Stiùir
Dàimhean poblach is meadhanan	Sgaoilidh sinn fiosrachadh is naidheachdan air obair Ghàidhlig sa bheil a' Chomhairle an sàs.	Cumaidh sinn oirnn a' sgaoileadh fiosrachadh agus naidheachdan na Comhairle mun Ghàidhlig, gu h-àraidh a thaobh foghlam is cultar.	Àrdachadh ga dhèanamh air inbhe na Gàidhlig agus na thathas air coileanadh a thaobh na Gàidhlig. Bidh neach-labhairt aig a' Chomhairle airson ghnòthaichean Gàidhlig.	Leantainn	Ceannard/ Daoine
Stuth clò-bhuailte	Tha sinn a' tabhainn eadar-theangachadh Gàidhlig de stuthan bhon taobh a-muigh.	Cumaidh sinn oirnn a' tabhainn seirbheis eadar-theangachaidh mu choinneamh fhoillseachaidhean airson taobh a-muigh na Comhairle mar a thèid seo iarraidh. Tha seo sgrìobhte air ar foillseachaidhean uile. Nì sinn lèirmheas agus leudachadh air na stuthan clò-bhuailte agus clàistinneach Gàidhlig a bhios ri fhaighinn sna leabharlann againn.	Coinneachadh ri iarrtasan airson eadar-theangachaidhean Gàidhlig. Àrdachadh ga dhèanamh air ìomhaigh na Gàidhlig; is air eachdraidh is cultair na sgìre.	Leantainn 2016	Ceannard/ Stòrasan Coimhearsnachd an
Làrach-lìn	Tha an làrach-lìn againn gun fhiosrachadh sam bith sa Gàidhlig.	Cuiridh sinn teacsa Ghàidhlig air na làraichean-lìn againn, le spèis cho-ionannach ann do Ghàidhlig is do Bheurla. Cuiridh sinn ceangal follaiseach an-àirde gu làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig.	Aire ga tharraing gu deagh rùn na Comhairle a thaobh na Gàidhlig. Dèanamh cinnteach gu bheil e furasta do luchd-cleachdaidh fiosrachadh mionaideach a bhith aca air cuspairean Gàidhlig.	2016 2016	Ceannard/ Stòrasan Ceannard/ Stòrasan

LUCHD-OBACH

Tha mothachadh aig Comhairle Aonghais gu bheil a' Ghàidhlig na sgil cudromach am measg luchd-obrach agus ag aithneachadh gu suidheachaidhean ann far a bheil eòlas air no cleachdadh a' chànain riatanach no so-mhiannach. Tha a' Chomhairle cuideachd ag aithneachadh gu bheil e cudromach gum faigh luchd-obrach cothrom air na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh ma tha iad ag iarraidh

Adhbhar:

A chum gus seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, feumas leasachadh a dhèanamh air sgilean obrach agus sgilean cànan luchd-obrach. Tha cothroman ionnsachaidh dha luchd-obrach a' toirt brosnachadh do dh'ionnsachadh Gàidhlig am measg inbheach agus a' cur ri inbhe na Gàidhlig mar sgil a tha feumail san àite-obrach. Tro aithneachadh obraichean far a bheil Gàidhlig na sgil sònraichte cuiridh seo ri inbhe a' chànain agus a chliù mar rud a bhios gum feum dha daoine.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd cuideachd ag aithneachadh gum bu chòir dhith a bhith air a cleachdadh ann am beatha phoblach agus gu bheil dleastanas cudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig.

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clàr-ama	Fo stiùir
Trèanadh	Chan eil trèanadh sam bith ann sa Ghàidhlig no a nì àrdachadh air tuigse luchd-obrach mun Ghàidhlig.	Thèid farsaingeachd de mhodhan-obrach a chur an sàs gus innse do luchd-obrach mu Phlana Ghàidhlig na Comhairle.	Barrachd mothachaidh ann air Plana Gàidhlig na Comhairle tro dhiofar dhòighean.	2015	Stòrasan
		Thèid sgrùdadh air-loidhne a chumail an toiseach air cia mheud neach-obrach aig a bheil comas air a' Ghàidhlig a bhruidhinn, leughadh no sgrìobhadh.	Measadh an ìre tòiseachaidh air sgilean Gàidhlig am measg luchd-obrach. Tron sgrùdadh seo, gheibh sinn fiosrachadh air cia mheud neach-obrach aig a bheil miann barrachd tuigse a bhith aca air a' Ghàidhlig is air eachdraidh is cultar nan Gàidheal.	2015	Stòrasan
		Thèid sgilean Gàidhlig a rannsachadh gu cunbhalach.	Thèid measadh a dhèanamh air atharraichean a thaobh togail a' chànain.	2018	Stòrasan
		Bheir sinn taic do thrèanadh an Gàidhlig do luchd-obrach a tha a' dèiligeadh ris a' phoball, air an sònrachadh is stèidhichte air toraidhean an sgrùdaidh air sgilean Gàidhlig.	Barrachd luchd-obrach aig a bheil comas bruidhinn sa Ghàidhlig.	2017	Stòrasan
		Thèid là slàn trèanaidh ga thoirt	Barrachd luach ga chur air a'	From 2015	Stòrasan

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clàr-ama	Fo stiùir
		<p>seachad do luchd-obrach agus buill na Comhairle, agus a thoirt seachad do luchd-obrach agus do na buill gu lèir thairis air beatha a' Phlana.</p> <p>Leanaidh ar taic do luchd-obrach an sàs an teagasg a dhol gu tachartasan trèanaidh Gàidhlig CPD.</p> <p>Cruthaichidh sinn duilleag air eadra-lìn luchd-obrach leis na h-abairtean agus facail as cumanta sa Ghàidhlig</p>	<p>Ghàidhlig am measg luchd-obrach agus bhall na Comhairle.</p> <p>Neartachadh ga dhèanamh air obair na Comhairle a thaobh luchd-obrach Gàidhlig ann am Foghlam.</p> <p>Gum bi Gàidhlig shìmplidh aig barrachd luchd-obrach.</p>	<p>Leantainneach</p> <p>2015</p>	<p>Daoine</p> <p>Stòrasan</p>
Ionnsachadh	Chan eil ionnsachadh sa Ghàidhlig ga thoirt seachad do luchd-obrach.	Thèid fiosrachadh a sgaoileadh mu chothroman trèanaidh sa Ghàidhlig dha luchd-obrach airson an trèanadh a dhèanamh taobh a-muigh uairean-obrach.	Brosnachadh ga thoirt do luchd-obrach a ghabhail cothroman airson Gàidhlig ionnsachadh.	2016	Stòrasan
		Nì sinn sanasachd air cothroman ionnsachaidh Gàidhlig air eadra-lìn agus litir-naidheachd na Comhairle		2016	Stòrasan
Fastadh is Sanasachd	Chan eil stiùireadh air fastadh ann a thaobh dhreuchdan Gàidhlig.	<p>Cruthaichidh sinn stiùireadh air fastadh 'son dreuchdan far a bheil a' Ghàidhlig na sgil riatanach.</p> <p>Nì sinn sanasachd dhà-chànanach airson oibrichean Gàidhlig le spèis cho-ionnan don Ghàidhlig is a' Bheurla.</p> <p>Cuiridh sinn sanasan airson tidsearan air Teagasg.com, le spèis cho-ionnanach don Ghàidhlig is Bheurla.</p>	Gun leanar an aon mhodh-obrach nuair a thathas a' fastadh luchd-obrach airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig na rud deatamach.	2015	Stòrasan

3. A' CUR TAIC RI PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' sònrachadh ceithir taobhan eadar-dhealaichte mu choinneamh leasachadh cànan a tha co-cheangailte ri chèile ris am feumas dèiligeadh tro Phlanaichean Gàidhlig ionadail, le grunn raointean prìomhachas ann mun coinneamh:

Togail a' Chànain

Leasachadh ga thoirt air an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dearbhadh gum tèid an cànan a thoirt seachad taobh a-staigh theaghlaichean agus le cothroman èifeachdach airson ionnsachadh anns na leanas:

- an dachaigh
- an sgoil
- ionnsachadh dha inbhich

Cleachdadh a' Chànain

Gun tèid barrachd Gàidhlig a chleachdadh, le cothroman gan cruthachadh airson cleachdadh a' chànain, agus barrachd chothroman air Gàidhlig sna leanas:

- Coimhearsnachdan
- An t-Àite Obrach
- Na Meadhanan, Ealainean, Dualchas is Turasachd

Inbhe a' Chànain

Barrachd Gàidhlig ri faicinn is cluinntinn, le barrachd aithne agus ìomhaigh fhàbharach ga cruthachadh dhith ann am beatha phoblach na h-Alba, le:

- Planaichean Gàidhlig
- Ìomhaigh fhàbharach don Ghàidhlig
- Barrachd faicsinneachd is aithne gan toirt don Ghàidhlig ann an Alba.

Corpas a' Chànain

Gun tèid ìomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh le barrachd rannsachaidh ga dhèanamh air:

- Ìomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig
- Càileachd agus so-thuigseachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig
- Fiosrachadh fìor-cheart bho rannsachaidhean

Tùs: *An Teampaid air deasachadh Phlanaichean Gàidhlig dha Ùghdarrasan Poblach* bho Bhòrd na Gàidhlig

Anns an earrainn seo thèid inneas a dhèanamh air na gnìomhan-obrach a chuireas sinn romhainn a chur an gnìomh gus cur ris na ceithir raointean prìomhachais seo.

Tha a' Chomhairle a' cur roimhe gun tèid Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an sàs agus ged a tha sinn ag aithneachadh gun tèid na ceithir raointean seo a chur an gnìomh, gu ìre mhòr, tron Phlana Ghàidhlig againn, tha sinn cuideachd mothachail gun èirich barrachd chothroman airson brosnachadh agus leasachadh a' chànain. Ri linn seo, thèid sgrùdadh a dhèanamh air ar gealltanasan poileasaidh gnàthach ach an lorg sinn àitean eile airson prìomhachasan Phlana Nàiseanta na Gàidhlig a thoirt a-steach; le sùil mhìonaideach ga toirt air poileasaidhean ùra far a bheil seo ìomchaidh. 'S ann a tha sinn a' coimhead air seo mar phàirt den phrionnsabal de ghnàthachadh na Gàidhlig; a tha ag amas air a' Ghàidhlig a bhith na pàirt àbhaisteach de bheatha làitheil ann an Alba.

TOGAIL A' CHÀNAIN: DACHAIGH AGUS TRÀTH-BHLIADHNACHAN

Tha Comhairle Aonghais ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e gun tèid a' Ghàidhlig a thoirt seachad do chlann san dhachaigh agus gun tog barrachd chloinne a' Ghàidhlig san dòigh seo cho math ri leasachadh ga dhèanamh air foghlam tràth-bhliadhnachan tro mheadhan na Gàidhlig.

Adhbhar:

Tha rannsachadh agus eòlas eadar-nàiseanta a' sealltainn gu bheil ionnsachadh san dachaigh agus sna tràth-bhliadhnachan air leth cudromach airson seasmhachd na Gàidhlig mar chànan beò ann an Alba. Tha ionnsachadh tràth a' cruthachadh dàimh agus dilseachd do chànan, le seo na bhun-stèidh airson agus adhbhar dòchais airson leantainneachd a thaobh ionnsachadh na Gàidhlig.

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clàr-ama	Fo Stiùir
Gàidhlig 0-3 Tràth Bhliadhnachan	Chan eil càil ga dhèanamh	Cumaidh sinn taic do Bhòrd na Gàidhlig a thaobh libhrigeadh iomairtean chum barrachd Gàidhlig a chleachdadh san dachaigh. Nì sinn brosnachadh chum barrachd ionnsachaidh Ghàidhlig le buidhnean com-pàirteachais a tha ag obair le clann fo aois trì bliadhna.	Barrachd dhaoine òga a' togail agus a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh. Cleachdaidh a' Chomhairle na goireasan Bookbug Gàidhlig le conaltraidhean gan cumail le Bòrd na Gàidhlig a thaobh leasachaidhean Gàidhlig le 'Cluich aig an Taigh' agus 'Cluich, Bruidhinn, Leugh'	Leantainneach	Manaidsear Seirbheis Tràth Bhliadhnachan
Gàidhlig 0-3 san dachaigh agus sna tràth bhliadhnachan	Chan eil càil ga dhèanamh	Nì sinn cinnteach gum bi taic phractaigeach, goireasan is stiùireadh ri fhaighinn 'son Gàidhlig a thogail le clann aig an taigh is tro fhoghlam tràth bhliadhnachan: Cumaidh sinn taic ri Bòrd na Gàidhlig chum cur an sàs iomairtean gus barrachd Gàidhlig a chleachdadh san dachaigh tro leabharlann, ann an suidheachaidhean ro-sgoile, agus tro chom-pàirteachasan slàinte. Bheir sinn brosnachadh do luchd-obrach aig buidhnean com-pàirteachais a tha ag obair le clann fo 3 bliadhna Gàidhlig ionnsachadh.	Àrdachadh 15% san àireimh chloinne a' dol a-steach gu foghlam tràth bhliadhnachan Gàidhlig anns gach bliadhna den Phlana.	Leantainneach	Manaidsear Seirbheis Tràth Bhliadhnachan
Gàidhlig 0-3 san dachaigh agus sna tràth	Chan eil càil ga dhèanamh	Cumaidh sinn taic ri Bòrd na Gàidhlig chum cur an sàs iomairtean gus barrachd Gàidhlig a chleachdadh san dachaigh.	Neartachadh ga dhèanamh air na ceanglaichean eadar cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh agus ann am	Leantainneach	Manaidsear Seirbheis Tràth Bhliadhnachan

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clàr-ama	Fo Stiùir
bhliadhnachan		Bheir sinn brosnachadh do bhuidhnean com-pàirteachais ag obair le clann fo aois 3 bliadhna gus Gàidhlig ionnsachadh.	foghlam tràth bhliadhnachan Gàidhlig.		
Foghlam ro-sgoile saor-thoileach agus foghlam reachdail sna tràth bhliadhnachan	Tha Oifigear Leasachadh Càileachd (QIO) a' measadh Aonad Gàidhlig Chnoc Bàna, maille ris a' cheannard, gus càileachd a leasachadh 's a dhearbhadh.	Nì sinn cinnteach gum faigh pàrantan is buidhnean-solarachaidh ro-sgoile cothroman ionnsachaidh gach teirm fo stiùir thidsearan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME). Nì sinn cinnteach gum faigh stiùirichean ro-sgoile aig a bheil na teisteanasan iomchaidh brosnachadh gus Gàidhlig a chur air adhart tro mheadhan na Gàidhlig.	Leasachadh ga dhèanamh air na tha ri fhaighinn de thachartasan Gàidhlig ro-sgoile agus foghlam tràth bhliadhnachan saor-thoileach le leasachadh cuideachd a thaobh càileachd.	Leantainneach	Manaidsear Seirbheis Tràth Bhliadhnachan, Manaidsear Seirbheis Càileachd

TOGAIL A' CHÀNAIN: SGOILTEAN

Tha Comhairle Aonghais ag aithneachadh cho cudromach 's a tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) agus Foghlam dha Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (GLE), le cruaidh fheum ann air leasachadh a thaobh àireamhan agus taic.

Adhbhar:

Tha foghlam Gàidhlig aig gach ìre fìor chudromach airson cor na Gàidhlig ann an Alba san àm ri teachd. Tha cothroman an lùib GME is GLE airson barrachd luchd-labhairt a chruthachadh. Airson na feadhainn a dh'ionnsaich a' Ghàidhlig tràth nam beatha tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' neartachadh agus a' leasachadh an cuid sgilean cànan agus tha e cudromach gun lean seo cho fad 's a ghabhas. Dha daoine gun Ghàidhlig a bhith aca bho thùs, tha foghlam Gàidhlig gu math èifeachdach ann a bhith a' toirt dhaibh comasan air Gàidhlig a chleachdadh.

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clàr-ama	Fo Stiùir
Libhrigeadh GME agus GLE	Fiosrachadh ri fhaighinn fad is farsaing air làrach-lìn na Comhairle is an leabhar-làimhe sgoiltean. Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn aig Bun-sgoil Chnoc Bàna is aig Acadamaidh Fharfair.	Ni sinn cinnteach gum faigh a' Ghàidhlig iomhaigh nas àirde air làraichean-lìn Buidheann-stiùiridh nan Daoine agus Comhairle Aonghais. Cumaidh sinn là fosgailte bliadhnail aig Bun-sgoil Chnoc Bàna dha pàrantan aig a bheil ùidh.	Àrdachadh san àireimh de chlann a' dol a-steach gu GME, a' dùblachadh na h-àireimh a tha a' dol a-steach an-dràsta. Àrdachadh bliadhna às dèidh bliadhna a' faighinn GLE ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean. Barrachd chuspairean gan teagasg tro mheadhan na Gàidhlig ann an àrd-sgoiltean.	2015	HT/Lionra phàrantan Gàidhlig
Fastadh	Cleachdadh na làraich-lìn fastaidh myjobscotland. Tidsearan GME a' faighinn trèanadh is taic shònraichte.	Ni sinn cinnteach gum faigh tidsearan GME buannachdan às cothroman air trèanadh leasaichte, eg. tursan gu Sabhal Mòr Ostaig. Nithear rannsachadh air cothroman ùra 'son leasachadh GLE an Aonghas. Cumaidh a' Chomhairle conaltradh le Bòrd na Gàidhlig air na cothroman gus seo a thoirt air adhart.	Barrachd iomairtean a' leasachadh GME is GLE aig ìre na bun-sgoile is na h-àrd-sgoile. Thèid GLPS am measg bhun-sgoiltean a leasachadh, maille ris a' Ghàidhlig ga gabhail a-steach mar phàirt de 1+2 ann an àrd-sgoiltean.	Leantainneach	Buidheann stiùiridh nan daoine
CPD agus cultar	Ceanglaichean air an stèidheachadh leis an Aonad Ghàidhlig aig Bun-sgoil Goodlyburn am Peairt is Ceann Rois. Tha sgoilearan bho Bhun-sgoil Chnoc Bàna a' gabhail pàirt	Thèid ceanglaichean a' stèidheachadh le ùghdarrasan eile. Cuiridh sinn lìonraidhean air-loidhne/sòisealta gum feum chum taic ri ionnsachadh. Gabhaidh sinn ri dualchas na	Bheir sinn aire dha fastadh, cumail, foghlam agus taic is leasachadh thidsearan GME is GLE.	Leantainneach far iomchaidh	Tidsear GME/ QIO Ceannard Acadamaidh Fharfair agus Tidsear GME

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clàr-ama	Fo Stiùir
	ann am Mòdan	Gàidhlig ann an co-theagasg farsaing de dh'ealainean is chultar na h-Alba. Gheibh daoine òga an cothrom air bruidhinn ri fileantaich bhon choimhearsnachd ealain, msaa.			
		Cleachdaidh sinn na h-ealainean mìneachail agus sinn a' gabhail ri Gàidhlig agus ceòl Gàidhealach. Nì sinn leasachadh air an roghainn de chuspairean Gàidhlig aig Acadamaidh Fharfair agus na teisteanasan ri fhaighinn.	Ionnsachadh air ionnsramaidean-ciùil ga thoirt seachad sa Ghàidhlig.	2016	Oifigear Taic Ciùil
Dearbhadh Càileachd	Càileachd ga measadh le Oifigear Leasachadh Càileachd Stiùireadh bho eòlaiche Gàidhlig.	Nì sinn measadh air taic bhon taobh a-muigh agus sgrùdadh bho thidsear Gàidhlig airson là gach bliadhna gus dearbhadh a dhèanamh air ìre càileachd na Gàidhlig air a labhairt. Cumaidh sinn oirnn a' measadh nan seirbheisean.	Farsaingeachd chothroman dha daoine òga san dà chuid GME is GLE gus a' Ghàidhlig aca a leasachadh tro bharrachd cleachdaidh. Thèid gach oidhirp a dhèanamh gus càileachd GME is GLE a ghlèidheil tro Stiùireadh Nàiseanta agus tro dhòighean eile.	2015	QIO, HT/Lionra phàrantan Gàidhlig

TOGAIL A' CHÀNAIN: IONNSACHADH INBHEACH

Tha Comhairle Aonghais ag aithneachadh cho cudromach 's a tha ionnsachadh Gàidhlig taobh a-muigh sgoiltean agus gum faicear adhartas a thaobh seo gus dèiligeadh ris a' chrionadh san àireimh luchd-labhairt. Tha sinn cuideachd ag aithneachadh an fheum shònraichte airson àite na Gàidhlig a neartachadh anns an dà chuid Foghlam Leantainneach (FE) agus Àrd Foghlam (HE).

Adhbhar:

Tha foghlam Gàidhlig sna roinnean Foghlam Leantainneach is Àrd Foghlam - agus ionnsachadh Gàidhlig am measg inbheach ga libhrigeadh gu neo-eisimeileach - air leth cudromach airson cor na Gàidhlig ann an Alba. Anns na roinnean seo, tha ionnsachadh Gàidhlig le comas àrdachadh a dhèanamh air an àireamh deo dhaoine a' bruidhinn is a' cleachdadh na Gàidhlig. A bharrachd air seo, tha na roinnean fa leth a' tabhainn teòmachd àraidh airson cur ri fallaineachd na Gàidhlig agus airson barrachd leantaileachd agus agus iomadachd a thaobh ionnsachadh na Gàidhlig.

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clàr-ama	Fo stiùir
Foghlam coimhearsnachd	Chan eil càil ga thabhainn aig an àm seo.	<p>Cruthaichidh sinn ro-innleachd 'son leasachadh litearras is sgilean cànanain sa Ghàidhlig bho aois 3 gu aois inbheach.</p> <p>Bheir sinn brosnachadh do ionnsachadh Gàidhlig sa choimhearsnachd</p> <p>Fosglaidh sinn cothroman airson a dhol an sàs am farsaingeachd mhòr de chothroman air ionnsachadh na Gàidhlig dha inbhich an Aonghas; le barrachd a' faighinn gu fileantas.</p> <p>Nì sinn cinnteach gum bi cothroman ann 'son leantaileachd is adhartas a thaobh sgilean cànanain dha inbhich ag ionnsachadh agus dha fileantaich.</p>	Àrdachadh anns an àireimh dhaoine a' togail na Gàidhlig le leasachadh ga thoirt air sgilean Gàidhlig am measg fhileantach.	2018	Com-pàirteachas air Clann is Ionnsachadh. Foghlam Inbheach Coimhearsnachd
Àrd Foghlam/Foghlam Leantainneach	Chan eil cùrsaichean ri fhaighinn ann an Aonghas.	<p>Thèid dèiligeadh ri Colaiste Pheairt/Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean gus adhartachadh a dhèanamh air cùrsaichean Gàidhlig am Peairt is Ceann Rois.</p> <p>Nì sinn neartachadh air na comasan àraidh an FE is HE gus cur ri iomhaigh na Gàidhlig ann an Alba.</p>	Goireasan matha ri fhaighinn aig inbhich ag ionnsachadh na Gàidhlig.	Cèitean 2015	Coimhearsnachd an

CLEACHDADH A' CHÀNAIN (1): COIMHEARSNACHDAN

Tha Comhairle Aonghais ag aithneachadh gu bheil cor seasmhach airson na Gàidhlig san àm ri teachd a' crochadh air àrdachadh san àireimh dhaoine aig a bheil comas a' Ghàidhlig a bhruidhinn is a chleachdadh sna coimhearsnachdan againn.

Adhbhar:

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan cudromach dha-rìribh chum barrachd cleachdaidh agus misneachd sa Ghàidhlig. Tha a' choimhearsnachd fìor chudromach airson cur an sàs a' phrionnsabail chudromaich de spèis cho-ionannach dha Gàidhlig is Beurla ann an Achd na Gàidhlig.

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clàr-ama	Fo Stiùir
Taic do bhuidhnean nàiseanta a' toirt leasachaidhean Gàidhlig air adhart ann an Aonghas	Chan eil càil ann an-dràsta	<p>Nì sinn obair for-ghnìomhach le buidhnean Gàidhlig nàiseanta a lorg roinnean gnìomha eile a bheir Gàidhlig air adhart.</p> <p>Nì sinn rannsachadh feuch an soirbhicheadh le club òigridh Gàidhlig ann an Aonghas air a ruith airson na coimhearsnachd is leis a' choimhearsnachd. Dheigheadh seo a dhèanamh ann an co-bhuinn le Bòrd na Gàidhlig.</p>	Barrachd dhaoine a' bruidhinn agus a' gabhail pàirt sa Ghàidhlig ann an Aonghas tro shreath do thachartasan làitheil le prìomhachas ga thoirt do sgoiltean far a bheil GME air neo Gàidhlig dha luchd-ionnsachaidh agus na coimhearsnachdan (pàrantan is clann) mar phàirt dhe seo.	Leantainneach bho 2014	Stòrasan/Daoine Coimhearsnachd an

CLEACHDADH A' CHÀNAIN (2): ÀITE-OBACH COMHAIRLE AONGHAIS

Tha Comhairle Aonghais ag aithneachadh gu bheil suidheachadh seasmhach don Ghàidhlig san àm ri teachd a' ciallachadh barrachd dhaoine aig a bheil comas air a' Ghàidhlig a bhruidhinn agus a chleachdadh san àite-obrach.

Adhbhar:

Tha cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach gu math cudromach chum leasachadh a dhèanamh air cleachdadh làitheil na Gàidhlig tro dhaingneachadh air sgilean luchd-labhairt fa leth, agus tro àrdachadh air inbhe na Gàidhlig ann am beatha làitheil obrach dhaoine.

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clàr-ama	Fo Stiùir
Leasachadh na Gàidhlig san àite-obrach	Chan eil càil ann an-dràsta	Nì sinn brosnachadh chum sealladh fàbharach a bhith aig daoine a thaobh na Gàidhlig san àite-obrach.	Barrachd eòlais, ùidh agus chothroman dha luchd-obrach a thaobh tuigse agus cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh agus taobh a-muigh an àite-obrach.	Leantainneach bho 2014	Stòrasan

CLEACHDADH A' CHÀNAIN: EALAINEAN, MEADHANAN, DUALCHAS AGUS TURASACHD

Tha Comhairle Aonghais ag aithneachadh cho cudromach 's a tha na h-ealainean is meadhanan Gàidhlig is an dualchas Gàidhealach leis na cothroman nan lùib a thaobh turasachd.

Adhbhar:

Tha e fìor chudromach gum bi àite aig a' Ghàidhlig sna h-ealainean, na meadhanan, dualchas agus ann an turasachd chum na roinnean seo fhosgladh an-àirde 'son Gàidhlig a ghabhail a-steach; le seo a' meudachadh fios mu ar dualchas Gàidhealach; le piseach ga thoirt air cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan, agus leis a' Ghàidhlig ga cur air adhart ann an stuth a tha a' sanasachd na sgìre do luchd-turais. Le barrachd Gàidhlig ga cleachdadh sna roinnean seo nìthear togail air ìomhaigh a' chànain le cothroman nan lùib airson barrachd turasachd.

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clàr-ama	Fo Stiùir
Ag adhartachadh agus a' meudachadh inbhe na Gàidhlig anns na h-ealainean is na meadhanan agus ann an dualchas is turasachd	Chan eil ach glè bheag de dh'adhartachadh na Gàidhlig ann an taisebeanaidhean, turasachd, msaa	<p>Brosnachadh ga thoirt do bharrachd Gàidhlig, a thaobh farsaingeachd, meud is càileachd, sna meadhanan air-loidhne agus clò-bhuailte.</p> <p>Adhartachadh ga dhèanamh a thaobh fosgladh a-mach nan ealainean Gàidhlig le barrachd dhaoine a' dol an sàs annta.</p> <p>Brosnachadh chum barrachd inbhe a bhith aig a' Ghàidhlig an turasachd, dualchas is ann an cur-seachadan.</p> <p>Cruthaichidh sinn cothroman stèidhte air amasan Phlana Gàidhlig Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh.</p> <p>Bheir sinn taic is brosnachadh don choisir Ghàidhlig.</p> <p>Nì sinn rannsachadh feuch an gabhadh am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail ann an sgìre na Comhairle.</p>	Barrachd Gàidhlig ga cleachdadh sna meadhanan, ealainean, dualchas agus turasachd; le inbhe a' chànain ga thogail am measg luchd-turais	2015	Ceannard/Coimh earsnachdan

INBHE A' CHÀNAIN

Tha Comhairle Aonghais ag aithneachadh gu bheil barrachd faicsinneachd dhan Ghàidhlig, cothroman airson Gàidhlig ionnsachadh agus 'son tlachd a ghabhail aiste, a' crochadh air iomhaigh fhàbharach don Ghàidhlig ann am beatha làitheil.

Adhbhar:

Tha làthaireachd na Gàidhlig agus an ìre aig a bheil i air a cleachdadh, an luach ga chur oirre, agus mar a thathas a' coimhead oirre aig buidhnean aig a bheil àite mòr ann am beatha làitheil dhaoine, uile a' toirt buaidh air inbhe na Gàidhlig.

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clàr-ama	Fo Stiùir
A' togail inbhe agus cliù na Gàidhlig anns an àrainneachd làitheil ann an Aonghas.	Chan càil a' tachairt an-dràsta.	Deasaichidh sinn agus cuiridh sinn an gnìomh am Plana Gàidhlig againn. Barrachd Gàidhlig ri fhaicinn am measg chonaltraidhean na Comhairle, air ainmean sràidean, air an làraich-lìn, msaa	A' dèanamh follaiseach ar rùn gus taic, leasachadh, adhartachadh agus brosnachadh a chumail ris a' Ghàidhlig ann am beatha làitheil.	Bhon chiad là de chur an gnìomh a-mach	Stòrasan/Coimh earsnachdan

CORPAS A' CHÀNAIN

Tha Comhairle Aonghais ag aithneachadh gum feum a' Ghàidhlig a bhith freagarrach airson cleachdadh ann am barrachd is barrachd raointean (mar eisimpleir ann an sgrùdaidhean is rannsachadh) far a bheil i a' nochdadh.

Adhbhar:

Feumas neartachadh a dhèanamh air cunbhalachd is iomchaidheachd na Gàidhlig; le mothachadh ann do cho cudromach 's a tha e seirbheisean eadar-theangachaidh a thoirt seachad agus adhartachadh rannsachadh air a' chànan.

Roinn Leasachaidh	Cleachdadh Gnàthach	Gnìomhan	Na tha sinn airson coileanadh	Clàr-ama	Fo Stiùir
A' cur an gnìomh structaran agus cheumannan gus piseach is neartachadh a thoirt air iomchaidheachd, beartas is cunbhalachd na Gàidhlig	Chan eil càil ga dhèanamh aig an àm seo	<p>Nì sinn cinnteach gum bi càileachd agus ruigsinneachd na Gàidhlig ann an eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachadh aig an aon ìre sa tha iad ann am Beurla.</p> <p>Cleachdaidh sinn fiosrachadh cho ceart 's a ghabhas air feadh ar n-obrach is leasachaidh Ghàidhlig is agus iad a' cur ri poileasaidhean iomchaidh.</p> <p>Cuiridh sinn fios gu Ainmean-Àite na h-Alba gus cuideachadh chum liosta aontaichte is ùghdarrasail de dh'ainmean-àite agus sinn a' cur shoidhnichean Gàidhlig an-àirde.</p> <p>Thèid cumail ri riaghailtean Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig an SQA ann an foillseachaidhean 'son taobh a-muigh na Comhairle a tha iomchaidh a chur a-mach sa Ghàidhlig.</p>	Neartachadh ga dhèanamh air iomchaidheachd is cunbhalachd na Gàidhlig.	2015	Stòrasan/Coimh earsnachdan

4. CUR AN GNÌOMH AGUS DEARCNACHADH

Tha am Plana seo ri fhaighinn an Gàidhlig is am Beurla air an làraich-lìn againn. Cuideachd:

- Tha copaidhean dhen Phlana ri fhaighinn ann an leabharlann phoblach agus aig ionadan-fàilteachaidh ann an togalaichean na Comhairle;
- Thèid adhartachadh for-ghnìomhach a dhèanamh air a' Phlana am measg luchd-obrach air an eadra-lìon;
- Thathas air copaidhean dhen Phlana a sgaoileadh gu ar buidhnean com-pàirteachais a thaobh planadh coimhearsnachdail;
- Thèid buidhnean is treas-phàirtidhean, a' libhrigeadh sheirbheisean às leth na Comhairle, a stiùireadh gu ar làrach-lìn gus taic a chumail ris a' Chomhairle chum cumail ri gealltanasan a' Phlana;
- Thathas air copaidhean dhen Phlana a sgaoileadh gu buidhnean Gàidhlig;
- Tha copaidhean dhen Phlana ri fhaighinn air iarrrtas.

Bidh am Plana seo le ùghdarras foirmeil airson còig bliadhna bho 2014 a-mach. Ann an Earrann 2 is Earrann 3 tha sinn a' toirt inneas air na cinn-là fa leth mu choinneamh cur an gnìomh ghealltanasan sònraichte sa Phlana.

Tha sinn air Buidheann Stiùiridh na Gàidhlig a chruthachadh gus gnìomhan a' Phlana a cho-òrdanachadh agus am Plana fhèin a leasachadh.

Thèid dearcnachadh a dhèanamh leis a' bhuidhinn cho-ionannachd chorporra; buidheann a tha an urra ri sgioba nan àrd-mhanaidsearan. Thèid aithisg dhearcnachaidh a chur a-steach gach bliadhna gu Bòrd na Gàidhlig

Thèid measadh a dhèanamh air na stòrasan a bhios a dhìth airson a' Phlana seo mar phàirt de phròiseas planaidh ionmhais na Comhairle.

Tha uallach airson cur an gnìomh a' Phlana Ghàidhlig seo na laighe le Ceannard na Comhairle, Mgr Richard Stiff, Taigh Aonghais, Pàirc Gnìomhachais Bruach an Ubhail-ghoirt, Baile Fharfair, Aonghas DD8 1AX. Fòn 01307 476101.

Ma tha beachdan no ceistean agaibh mu shusbaint a' Phlana seo, feuch is cuir iad gu:

Doreen NicPhilip
Buidheann-stiùiridh nan Stòrasan
Comhairle Aonghais
Taigh Aonghais
Pàirc Gnìomhachais Bruach an Ubhail-ghoirt
Baile Fharfair
DD8 1AX

01307 476058
mphillipsd@angus.gov.uk